

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

06/05/2011

AIRSON A SGAOILEADH SA BHAD

RANNSACHADH AINMEAN-ÀITE GÀIDHLIG A' LEANTAINN AIR ADHART LE TAIC BHO BHÒRD NA GÀIDHLIG

Tha Ainmean-Àite na h-Alba ~ Gaelic Place-names of Scotland, an com-pàirteachas comhairleachaidh nàiseanta gus cruthan cearta is cunbhalach de dh'ainmean-àite Gàidhlig a rannsachadh, air leth toilichte ainmeachadh gum bi an obair aca a' dol air adhart le maoinachadh bho Bhòrd na Gàidhlig airson 2011-2012. Bidh maoinachadh bho Chomhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid a' leantainn air adhart cuideachd.

Chaidh AÀA a leasachadh bho Chomataidh Ceangail nan Ainmean Gàidhlig (Gaelic Names Liaison Committee – GNLC) ann an 2006 gus coinneachadh ris an iarrtas fhasmhor a bh' ann airson rannsachadh air ainmean-àite. Bhon uair sin tha am pròiseact air barrachd air 3,200 ainmean Gàidhlig air feadh na h-Alba a rannsachadh, a' gabhail a-steach rathaidean, prìomh-cheuman airson Comhairle na Gàidhealtachd agus Coimisean na Coilltearachd, Tèarmannan Nàdair Nàiseanta aig Dualchas Nàdair na h-Alba, stèiseanan tràen ScotRail, stèiseanan bus agus aiseig, ainmean-sràide ann an Inbhir Nis, sa Ghearasdan agus ann an Glaschu agus ainmean Gàidhlig airson nan Roinnean-pàrlamaid.

Cuide ris an obair leantainnich, tha AÀA a' deasachadh leabhar mu ainmean Gàidhlig Ìle agus Dhiùra ann an com-pàirteachas le Dualchas Nàdair na h-Alba, le maoinachadh bho SOILLSE agus Iomairt Ghàidhlig Ìle agus Dhiùra. Bidh an leabhar ga fhoillseachadh as t-fhoghar.

Tha AÀA a' cur an rannsachaidh aca suas air Stòr-dàta Nàiseanta de dh'Ainmean-Àite Gàidhlig, goireas air loidhne an-asgaidh a tha ri fhaighinn air www.ainmean-aite.org. Tha barrachd air 1,000 inntreigeadh ann an-dràsta, le ceanglaichean gu mapaichean didseatach agus faidhlichean fuaim airson cuideachadh le fuaimneachadh. Le maoinachadh tèarainte

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



airson bliadhna eile, tha AÀA a’ daingneachadh gum bi iad a’ leantainn air adhart a’ leudachadh agus a’ leasachadh a’ ghoireis luachmhoir seo airson cultar agus cànan na h-Alba.

Chuir Cathraiche AÀA, Dòmhnall Morris, fàilte air an taic leantainnich bho Bhòrd na Gàidhlig agus na compàirtichean eile. Thuir e gun robh e air leth toilichte fàilte a chur air luchd-cleachdaidh ùr gach bliadhna. “Tha ainmean-àite fìor chudromach airson na h-Alba agus tha iad a’ sealltainn dhuinn cho luachmhor is a tha a’ Ghàidhlig don dùthaich. ‘S e fìor dheagh rud a bhios ann gum bi barrachd Gàidhlig ri fhaotainn do na h-uile agus tha sàr-ìre na h-obrach mar thoradh air an sgioba air leth a th’ againn.”

Thuir Daibhidh Boag, Leasaiche Cànan Gàidhlig Bhòrd na Gàidhlig: “Tha Bòrd na Gàidhlig ag obair ann an com-pàirteachas le tòrr bhuidhnean poblach, anns gach raon de bheatha na h-Alba, gus na planaichean Gàidhlig aca a chur an gnìomh. Tha an t-seirbheis a tha AÀA a’ toirt do na buidhnean seo fìor chudromach gus dèanamh cinnteach gu bheil follaiseachd na Gàidhlig, gu h-àraid air soidhnichean, a’ sìor fhàs ann an coimhearsnachdan agus air slighean air feadh na h-Alba. Cuideachd, tha fios againn gu bheil ùidh mhòr am measg a’ phobail gus tuilleadh fhaighinn a-mach mu riochdan Gàidhlig nan àiteachan sna sgìrean aca fhèin agus san fharsaingeachd. Tha sinn air leth toilichte le soirbheachas a’ phròiseict gu ruige seo agus bidh sinn a’ coimhead air adhart ri fàs fhaicinn sna bliadhnachan air thoiseach, gus cuideachadh leis na h-oidhirpean againn gus a’ Ghàidhlig ath-bheothachadh.”

NOTES FOR EDITORS:

Nòtaichean airson luchd-deasachaidh:

‘S e com-pàirteachas comhairleachaidh nàiseanta de bhuidhnean poblach is saor-thoileach a th’ ann an Ainmean-Àite na h-Alba (AÀA) le prìomh amas rannsachadh a dhèanamh air ainmean-àite Gàidhlig agus cruthan cearta is cunbhalach a stèidheachadh airson mhapaichean, shoidhnichean is cleachdadh san fharsaingeachd.

Tha AÀA air a ruith le comataidh de riochdairean bho na com-pàirtichean uile. Tha dithis luchd-obrach aig a’ phròiseact an-dràsta. Am measg nan com-pàirtichean tha Bòrd na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, Comhairle nan Eilean Siar, Comunn na Gàidhlig, Riaghaltas na h-Alba, Pàrlamaid na h-Alba, Suirbhidh

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Òrdanais, Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, Dualchas Nàdair na h-Alba, Comann Ainmean-Àite na h-Alba agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean.

For more information please contact:

Airson barrachd fios cuir post-d/fòn gu:

(Dr.) Michelle Cotter, Project Manager ~ Manaidsear Pròiseict

Ainmean-Àite na h-Alba

Fàs, Sabhal Mòr Ostaig

Isle of Skye ~ An t-Eilean Sgitheanach

IV44 8RQ

+44 (0) 1471 888 120

+44 (0) 7511 541 687

mcotter@ainmean-aite.org

www.ainmean-aite.org

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



06/05/2011

FOR IMMEDIATE RELEASE

GAELIC PLACE-NAMES RESEARCH CONTINUES WITH SUPPORT FROM BÒRD NA GÀIDHLIG

Ainmean-Àite na h-Alba ~ Gaelic Place-names of Scotland, the national advisory board for researching Gaelic forms of place-names in Scotland is delighted to announce that its work will continue to be funded by Bòrd na Gàidhlig over 2011 and 2012. Highland and Argyll and Bute Councils will also continue their contributions to the project.

AÀA evolved from the Gaelic Names Liaison Committee in 2006 to meet the growing demand for Gaelic place-name research. Since then the project has researched over 3,200 Gaelic place-names throughout Scotland including names for trunk roads, settlements, core paths networks for the Highland Council and the Forestry Commission, SNH's National Nature Reserves, ScotRail's stations, bus and ferry depots, street names in Inverness, Fort William and Glasgow and the Gaelic names for Scotland's electoral constituencies. Alongside on-going work for clients and partners, AÀA is also preparing a book on the Gaelic place-names of Islay and Jura in partnership with SNH, with funding from SOILLSE and Iomairt Ghàidhlig Ìle agus Diùra. The publication is due out later this year.

AÀA's research is being uploaded to the National Gazetteer of Gaelic Place-names, a free online database available on www.ainmean-aite.org. There are over 1,000 entries at present, with links to digital maps and sound files to aid pronunciation. With funding

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



secured for another year, AÀA can confirm that they will continue to expand and develop this invaluable resource for Scotland's cultural and linguistic heritage.

Chair of AÀA, Donald Morris welcomed the continuing support from Bòrd na Gàidhlig and the other partners of AÀA adding that he was delighted to be able to welcome new clients to the organisation each year. "Place-names are of great importance to Scotland and demonstrate the value of Gaelic to the nation. It can only be good that more Gaelic is made available to all and the high standard of work is testament to the exceptional team we have."

Head of Gaelic Usage at Bòrd na Gàidhlig, Daibhaidh Boag said: "Bòrd na Gàidhlig works in partnership with a wide range of public bodies across the spectrum of Scottish life in implementing their Gaelic language plans. The service which AÀA provides to these bodies plays a vital part in ensuring that the visibility of Gaelic, through signage in particular, is increasing in communities and routes across Scotland. Over and above this, we know that there is significant interest amongst the wider public in finding out more about the Gaelic forms of the places in their locality and further afield. We are delighted with the success of the project to date and look forward to growing the service in the years to come, assisting in our efforts to re-vitalise Gaelic."

NOTES FOR EDITORS:

Ainmean-Àite na h-Alba is responsible for researching and recommending the correct and appropriate Gaelic forms of place-names for maps, signage and general use.

The project, which employs two full-time staff, is run by a partnership of organisations including Bòrd na Gàidhlig, Argyll and Bute Council, Highland Council, Comhairle nan Eilean Siar, Comunn na Gàidhlig, the Scottish Government, the Scottish Parliament, Ordnance Survey, Scottish Natural Heritage, the University of the Highlands and Islands, the Scottish Place-Name Society and Highlands and Islands Enterprise.

For more information please contact:

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



(Dr.) Michelle Cotter, Project Manager
Ainmean-Àite na h-Alba
Fàs, Sabhal Mòr Ostaig
Isle of Skye
IV44 8RQ
+44 (0) 1471 888 120
+44 (0) 7511 541 687
mcotter@ainmean-aite.org
www.ainmean-aite.org